

Gabhaidh a' chiad Latha Dualchais Eòrpaich àite Disathairne 23 Sultain 2023



'S e pròiseact deuchainn a tha ann an Latha Dualchais Eòrpaich air a dhealbhadh is air a cho-òrdanachadh le buill Lìon an Dualchais Eòrpaich (EFN) le co-mhaoin bhon Aonadh Eòrpach tro phrògram MusicAIRE. Tha e ga bhreith leis an rùn Latha an Dualchais Eòrpaich a stèidheachadh mar phrìomh-fhèis sa mhìosachan bhliadhnail.



♦ Beachd-smuaintean agus amasan

Nochd beachd-smuain Latha an Dualchais Eòrpaich am measg chòmhradh san EFN. 'S e tachartas a tha ann a bhuineas gu dìreach ri fear de dh'amasan an lìn: **gus sealltainn gu bheil cuid mhath de dhaoine air feadh na Roinn-Eòrpa a tha, air dòigh air choireigin, ri com-pàirteachadh ann an dual-ealain** (ceòl, dannsa, beul-aithris)

♦ Cò dh'fhaodas com-pàirteachadh ann an Latha an Dualchais Eòrpaich?

Tha com-pàirteachadh fosgailte do neach, còmhlan, cuideachd, coimhearsnachd, seisean-obrach, buidheann ionadail – gu dearbh do dhuine sam bith a tha ag iarraidh com-pàirt a ghabhail le gnìomh co-cheangailte ri ceòl, dannsa no beul-aithris dualchasach, an làthair no air loidhne. **Tha fàilte air na-UILE**, co-dhiù tha iad nam ball de EFN gus nach eil.

♦ Ciamar a ghabhas mi com-pàirt ann an Latha an Dualchais Eòrpaich?

Faodaidh com-pàirteachadh a bhith:

- cho furasta ri bhidio a chlàradh le òran ùr no sean, a luchdachadh air do mheadhan sòisealta agus a chomharrachadh le **#europeanfolkday**.
- cho iom-fhillte ri fèis bheò le grunn luchd-ealain a' cluich air no mu 23 Sultain agus fhoillseachadh mar phàirt de Latha an Dualchais Eòrpaich.
- agus **ma 's e neach-naidheachd a tha annad**, 's urrainn dhut òran no neach-ealain fhoillseachadh sa mheadhan agad ... no latha slàn a thoirt seachad don chuspair. Agus tachartasan Latha an Dualchais Eòrpaich fhoillseachadh sna meadhanan ionadail/nàiseanta agad. A bheil feum agad air comhairle? Faighnich dhinn: tha buill aif EFN sa mhòr-chuid de dhùthchannan as urrainn do chuideachadh.

Chan eil crìoch air mar no far as urrainn dhut com-pàirteachadh. Mur urrainn dhut smaoineachadh air dad, cuir fios chun a' phuist-d. com-pàirteachaidh (fios gu h-ìseal) no coimhead air an **làraich-lìn** ùr agus cuidichidh sinne leat beachdan a dhealbhadh.

Nuair a tha thu air co-dhùnadh dè an riochd sam bith do chom-pàirt, thoir dhuinn na beachdan air an làraich-lìn an [seo](#), agus cuir am fiosrachadh chun an stòr-dàta so-rannsachaidh. Thèid do chom-pàirt a chur ris an stòr-dàta agus air map na Roinn-Eòrpa. Feadh nam mìosan a tha romhainn, bidh sinne ag innse ar n-adhartais don t-saoghal mhòr agus a' cur an cèill a h-uile tachartas le Latha an Dualchais Eòrpaich. 'S urrainn dhut d' ainm a chur air liosta puist-d mun Latha Dualchais an [seo](#).

♦ Ciamar a chuireas mi fios chun na sgioba rianachd?

Tha sgioba beag aig EFN a' cho-òrdanaicheas pròiseact Latha an Dualchais Eòrpaich. Tha sinn air seòlaidhean puist-d. sònraichte a chur air dòigh airson feumalachdan diofraichte:

- Airson ceistean a thaobh com-pàirteachaidh, cuir fios gu Eric tro participate@europeanfolkday.eu
- Airson iarrtasan bho luchd-naidheachd is na meadhanan, cuir fios gu Araceli tro media@europeanfolkday.eu
- Airson ceistean farsaing no cùisean eile, cuir fios gu Nod tro info@europeanfolkday.eu

Tha fiughair againn ris a h-uile duine gabhail com-pàirt san iomairt ùir iom-Eòrpaich seo gus dual-ealan coimhearsnachdan air feadh na Roinn-Eòrpa a neartachadh is a chomharrachadh.

'S ann leatsa, dhutsa, dhuinne a tha Latha an Dualchais Eòrpaich!



Translation into Scottish Gaelic: Arthur Cormack